

Dreuchd:	Oifigear Phlanaichean Cànan
Tuarastal:	B2: £31,266 - £35,813
Stèidhichte:	Aig an taigh sa chiad dol a-mach.
Uairean:	37 uairean san t-seachdain
Fo stiùir:	Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd
Cùmhnant:	15 mìosan

Co-theacs

'S e Buidheann Phoblach Neo-roinneil Ghnìomhach a th' ann am Bòrd na Gàidhlig (am Bòrd) a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. 'S e a' phrìomh bhuidheann ann an Alba le uallach airson leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig agus foghlam na Gàidhlig. An t-adhbhar a tha e ann, 's e cleachdadh na Gàidhlig ann an Alba a chur am meud. Tha tòrr de dh'obair a' Bhùird co-cheangailte ri bhith a' dealbh Plana Cànan Nàiseanta Gàidhlig agus a' cumail sùil air coileanadh a' phlana sin; bidh e cuideachd a' cuideachadh bhuidhnean eile gus na planaichean Gàidhlig aca a dhealbh, agus a' sgrùdadh coileanadh nam planaichean sin, agus na planaichean sin nam bun-stèidh do dh'adhartachadh a' chànain.

Tha am Bòrd ag obair gus Gàidhlig a chur air adhart, agus nì e a dhìcheall ann an co-bhuinn ri Riaghaltas na h-Alba, ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach, buidhnean Gàidhlig, agus muinntir na h-Alba, gus piseach a thoirt air cleachdadh, ionnsachadh is inbhe a' chànain. Tha am Bòrd a' rùnachadh gun tig a' Ghàidhlig am feabhas ann an Alba san àm ri teachd agus gum bi i air a cleachdadh barrachd is barrachd mar chànan san dachaigh, ann an coimhearsnachdan agus san t-saoghal poblach.

Bidh an neach-dreuchd seo ag obair mar phàirt de Sgioba nam Planaichean Gàidhlig. 'S e fear de na prìomh dhleastanasan a th' air an sgioba seo fios a chur gu ùghdarrasan poblach ann an Alba ag iarraidh orra planaichean Gàidhlig reachdail ullachadh.

Tha planaichean Gàidhlig a' comharrachadh nan dòighean anns am bi ùghdarrasan poblach a' cruthachadh chothroman do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh an lùib obair is seirbheisean nan ùghdarrasan poblach sin, agus bidh na planaichean aca a' cur taic ri prìomhachasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig. Bidh an sgioba a' cuideachadh ùghdarrasan poblach nuair a tha iad a' dealbh a' chiad phlana aca agus nuair a bhios iad ag ùrachadh nam planaichean aca, mus tèid aonta foirmeil iarraidh bhon Bhòrd.

Adhbhar na h-Obrach

Tha e an urra ris an neach-dreuchd dèanamh cinnteach gun tèid prìomhachasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig a chur an gnìomh tro na planaichean Gàidhlig aig na h-ùghdarrasan poblach,

gu sònraichte le bhith a' togail dàimhean làidir agus èifeachdach le oifigearan aig na h-ùghdarrasan poblach.

Priomh Chinn-uidhe

1. Ag obair mar phàirt de Sgioba nam Planaichean Gàidhlig, agus a' dèanamh cinnteach gu bheil gach plana Gàidhlig aontaichte a' cur ri mar a thèid prìomhachasan a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a chur an sàs.
2. A' dèanamh cinnteach gun coilean Bòrd na Gàidhlig na dleastanasan reachdail againn fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a thaobh a bhith ag iarraidh air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig ullachadh.
3. A' dèanamh cinnteach gun coilean Bòrd na Gàidhlig na dleastanasan reachdail againn fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a thaobh a bhith sgrùdadh mar a choileanas ùghdarrasan poblach na tha iad a' gealltainn sna planaichean Gàidhlig aca.
4. A' dèanamh cinnteach gu bheil ùghdarrasan Ionadail a' coileanadh nan dleastanasan reachdail aca fo Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a thaobh a bhith ag adhartachadh foghlam na Gàidhlig.
5. A' togail dàimhean làidir agus èifeachdach leis ar luchd-ùidh ann an ùghdarrasan poblach.
6. A' gabhail uallach airson gach seòrsa obair rianachd co-cheangailte ri obair nam planaichean.

Dleastanasan Sònraichte

Thathar an dùil gun coilean an neach san dreuchd seo obair no dleastanasan sam bith a tha gu reusanta air am meas a bhith nam pàirt de dh'adhbhar na dreuchd. Tha geàrr-chunntas ann gu h-ìosal de na dleastanasan a tha sibh buailteach a bhith coileanadh san dreuchd seo:

1. Ag obair mar phàirt de Sgioba nam Planaichean Gàidhlig, agus sibh a' toirt comhairle is taic do dh'ùghdarrasan poblach nuair a tha iad ag ullachadh nam planaichean Gàidhlig aca.
2. A' measadh dreachdan de phlanaichean Gàidhlig mus beachdaich an Sgioba-stiùiridh agus am Bòrd orra.
3. A' measadh aithisgean dearcnachaidh agus bidh agaibh ri tuilleadh fiosrachaidh agus/no fianais iarraidh ma bhios sin a dhìth.
4. Ag obair còmhla ri ur co-obraichean gus amasan àrd-ìre a stèidheachadh mar phàirt den phròiseas gus fios a chur gu ùghdarrasan poblach airson plana ullachadh, an dà chuid airson a' chiad phlana aca agus nuair a tha iad ag ùrachadh nam planaichean aca.

5. A' cuideachadh le bhith a' measadh iarrtasan a gheibhear airson Maoin Buileachaidh Achd na Gàidhlig, agus a' cuideachadh le bhith a' measadh gu cunbhalach mar a thèid na pròiseactan a chur an gnìomh.
6. A' cur bhùthan-obrach trèanaidh air dòigh airson ùghdarrasan poblach a tha ag ullachadh phlanaichean Gàidhlig.
7. A' comharrachadh agus a' trusadh sàr mhodhan-obrach a thaobh phlanaichean Gàidhlig agus bidh sibh gan roinn le càch.
8. A' cruinneachadh agus a' co-roinn fiosrachadh mu dheagh mhodhan-obrach a tha sibh air comharrachadh ann an Alba agus ann an dùthchannan eile, agus mar phàirt den obair seo bidh sibh a' cuideachadh le bhith a' ruith agus a' leasachadh goireas air-loidhne airson phlanaichean Gàidhlig.
9. A' comharrachadh dhuilgheadasan a th' ann ann a bhith cur phlanaichean Gàidhlig reachdail an gnìomh.
10. A' coileanadh dleasan reusanta sam bith eile co-cheangailte ri bhith cur Plana Corporra Bhòrd na Gàidhlig an gnìomh agus dleasan reusanta a dh'iarra an Stiùiriche Planadh Cànan is Leasachaidhean Coimhearsnachd oirbh a choileanadh.

Comasan, Eòlas is Teisteanasan

Tha e *riatanach* gum bi na leanas fìor mu thagraichean airson na dreuchd seo:

1. Sgilean a thaobh a bhith a' stiùireadh phròiseactan agus comasach air grunn phròiseactan a stiùireadh aig an aon àm agus air cinn-ama a choileanadh.
2. Sgilean breithneachaidh agus rianachd.
3. Comasach ann a bhith a' togail dàimhean làidir, iomchaidh agus èifeachdach le diofar dhaoine.
4. Sgilean barganachaidh agus co-rèiteachaidh.
5. Deagh sgilean eagrachaidh, planaigh agus math air pròiseactan a stiùireadh.
6. Comasach air obair a dhèanamh fo ur stiùir fhèin
7. Poileasaidhean a chur an sàs ann an diofar shuidheachaidhean practaigeach.
8. Comasach air bathar-bog cumanta a chleachdadh, me, Outlook, Word, Excel, Internet Explorer.
9. Fileanta ann an Gàidhlig, ga bruidhinn agus ga sgrìobhadh.
10. Fileanta ann am Beurla, ga bruidhinn agus ga sgrìobhadh.
11. Foghlam air a choileanadh gu co-dhiù Ìre 7 SCQF (HNC)
12. Teisteanas freagarrach ann an cuspair buntainneach (leithid Gàidhlig, leasachadh na Gàidhlig, planadh cànan) agus / no co-dhiù trì bliadhna de dh'eòlas iomchaidh air cùisean leasachaidh na Gàidhlig.

Bhiodh e na *bhuannachd* nam biodh na leanas fìor mu thagraichean airson na dreuchd:

1. Tha eòlas agaibh air a bhith cuideachadh le bhith a' ruith phrògraman leasachaidh.
2. Eòlas agaibh air a bhith ag obair aig ùghdarras poblach Albannach.
3. Comasach na meadhanan sòisealta a chleachdadh.

Fiosrachadh a bharrachd:Foillseachadh Alba

Mar phàirt de na Bun-ìrean Tèarainteachd aig Riaghaltas na h-Alba, cuiridh Bòrd na Gàidhlig air dòigh sgrùdadh le Foillseachadh Alba airson gach tagraiche a gheibh dreuchd.

Fo ur stiùir:

Chan eil duine.

Ìre pàighidh is Tuarastal:

Nuair a thòisicheas neach ann an dreuchd, mar as trice tòisichidh iad aig a' chiad ìre pàighidh.

Cùmhnant:

'S e dreuchd 15 mìosan a tha seo.

Bidh thu stèidhichte aig an taigh sa chiad dol a-mach agus aig oifis a' Bhùird ann an Inbhir Nis no oifis a' Bhùird ann an Glaschu nuair a bhios e comasach tilleadh don oifis.

Buannachdan:

Bidh gach neach-obrach le cùmhnant leantainneach, no cùmhnant sealach a mhaireas 3 mìosan no nas fhaide, a' dol nam ball de Sgeama Peinnsein Comhairle na Gàidhealtachd, mura h-iarr iad gun ballrachd a ghabhail.

Làithean-saora

Gheibh gach neach-obrach saor-làithean pàighte de 30 latha. Gheibh iad cuideachd 7 làithean-poblach gach bliadhna.

Eile:

Bu chòir tagraichean airson na dreuchd seo cuimhneachadh dh'fhaodadh gum bi agaibh ri siubhal a dhèanamh bho àm gu àm san dreuchd seo agus dh'fhaodadh gum feum sibh fuireach an oidhche nuair a tha sibh air falbh.

Tha seo na thuarisgeul air an dreuchd mar a tha i an-dràsta. Tha e na chleachdadh àbhaisteach a bhith ag ath-sgrùdadh thuarisgeulan obrach bho àm gu àm feuch a bheil iad iomchaidh airson na h-obrach mar a tha i aig an àm, agus gus atharraichean a shealltainn a rinneadh no a tha gam moladh.

Iarrtasan is Agallamhan

Ceann-latha agus ceann-ama airson iarrtasan:

Diluain 31 Faoilleach, 10m

Ceann-latha agus àite airson agallamhan:

Diardaoin 10 Gearran air-loidhne tro Microsoft TEAMS